# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION***

## Diluain 19/03/2012

## Airson a sgaoileadh sa bhad

**Seasgad 's h-ochd pròiseactan coimhearsnachd a' faotainn taic bho mhaoin Taic Freumhan Coimhearsnachd.**

Tha pròiseactan bogaidh cànain, gnìomhachdan òigridh, pròiseactan dràma agus iomairtean ciùil am measg cha mhòr seachdad pròiseact coimhearsnachd a tha a' faotainn taic maoineachaidh bho Bhòrd na Gàidhlig.

Thug Bòrd na Gàidhlig, dearbhadh gun do tharraing a' mhaoin taic coimhearsnachd aca, *Taic Freumhan Coimhearsnachd,* barrachd air ceud is fichead iarrtas a' sireadh maoineachaidh. Tha seo na dhearbhadh gu bheil an ùidh a th' aig coimhearsnachdan air feadh Alba ann an Gàidhlig a' fàs is tha sin a' cur ri amasan Bhòrd na Gàidhlig gu bhith brosnachadh ionnsachadh agus cleachdadh a' chànain.

Thuirt Alasdair Allan, Ministear na Gàidhlig: "Leis gu bheil a leithid de dh'iarrtasan air an cur a-steach, tha sin a' taisbeanadh gu soilleir gu bheil miann ann air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh ann an coimhearsnachdan na h-Alba agus tha mi glè thoilichte gu bheil Bòrd na Gàidhlig air a bhith comasach air taic maoineachaidh a thoirt dhaibh. Tha mi a' coimhead air adhart ri cluinntinn mar a tha na pròiseactan sin a' soirbheachadh."

Chuir a' bhuidheann aonta ri maoineachadh de £160,000 mar thaic do seasgad 's h-ochd pròiseactan air feadh Alba. Tha a' mhaoin air a dealbhadh gu sònraichte gus cuideachadh a thoirt do raon fharsaing de bhuidhnean is eagrachaidhean a tha a' miannachadh taic a chur ri meudachadh ann an ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd aca fhèin.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Thuirt Cathraiche eadar-amail Bhòrd na Gàidhlig, Ealasaid Nic an t-Saoir: **"**Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan luchd-labhairt agus a' cur taic ri iomairtean a tha a' coilìonadh agus a' neartachadh ionnsachadh na Gàidhlig. Is iad luchd-labhairt na Gàidhlig an goireas as luachmhora a th' ann airson dèanamh cinnteach à beòthalachd don chànan. Dh'fhaodadh gum bi diofar mhodhan-obrach riatanach airson diofar sheòrsaichean choimhearsnachdan agus lìonraidhean, ach tha sinn a' creidsinn cho cudromach 's a tha e gum bi na coimhearsnachdan fhèin a' gabhail sealbh air iomairtean agus tha sinn toilichte gu bheil na pròiseactan a tha gu bhith air am maoineachadh le *Taic Freumhan Coimhearsnachd* a' nochdadh seo."

Am measg cuid de na pròiseactan a tha a' faighinn maoineachadh, tha; clasaichean còmhraidh agus trèanadh oide ann an Dùn Phrìs, trèanadh sna meadhanan airson daoine òga anns an Eilean Sgìtheanach, measgachadh thachartasan ann an Ulapul agus co-fharpais dannsa traidiseanta tro mheadhan na Gàidhlig.

Thuirt Leasaiche Cleachdadh Cànain, Daibhidh Boag gu bheil an raon fharsaing de phròiseactan air deagh bheachd a chosnadh bho Bhòrd na Gàidhlig. "Tha an àireamh mhòr de thagraidhean gu *Taic Freumhan Coimhearsnachd* a' dearbhadh ùidh nan coimhearsnachdan air feadh na h-Alba ann an cànan is cultar na Gàidhlig. Tha sinn air leth toilichte a leithid de mheasgachadh thagraidhean fhaighinn a-steach agus tha sinn a' coimhead air adhart gu dùrachdach ri cuid de na pròiseactan sin a bhith air an cur an gnìomh."

**DEIREADH**

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mu shusbaint na brath naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, Oifigear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, air post-d gu steven@gaidhlig.org.uk no le fònadh fòn-làimhe: 07557 481 081.**

**NOTAICHEAN DON LUCHD-DEASAICH**

*Tha liosta shlàn de na pròiseactan an lùib seo.*

*'S e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann reachdail le dleastanas airson adhartachadh is leasachadh na Gàidhlig, a thuilleadh air comhairleachadh Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba.* www.gaidhlig.org.uk

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**For immediate use**

**Sixty-eight community projects supported by Gaelic Community Funding**

Immersion language learning projects, youth activities, drama projects, and music initiatives are amongst almost seventy community projects to receive funding support from Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig confirmed that their community support fund, *Taic Freumhan Coimhearsnachd,* attracted over one hundred and twenty applications. This is a clear indication of growing interest in Gaelic in communities throughout Scotland which support Bòrd na Gàidhlig's aims to promote the learning and use of the language.

Minister for Gaelic Alasdair Allan said: "That so many applications have been made, clearly shows the appetite to increase the use of Gaelic in Scotland's communities and I am very pleased that Bòrd na Gàidhlig have been able to assist them with their funding. I look forward to hearing about how these projects develop."

The organisation has approved £160,000 of funding to support sixty-eight projects across Scotland. The fund is specifically designed to assist a wide range of groups and organisations wishing to support and increase the learning and usage of Gaelic in their community.

Bòrd na Gàidhlig interim Cathraiche (Chair) Elizabeth McAtear said: **"**We recognise the importance of the use of Gaelic in communities of speakers and of supporting initiatives that complement and strengthen the learning of Gaelic. Gaelic speakers are the most valuable resource available to ensure the language's vitality. While different approaches may be needed for different kinds of communities and networks, we believe in the importance of communities themselves taking ownership of initiatives and we are happy that the projects to be funded by *Taic Freumhan Coimhearsnachd* reflect this."

Amongst some of the projects receiving funding are; Gaelic conversation classes and tutor training in Dumfries, new media training for young people in Skye, mixed activities in Ullapool and a traditional dance competition in South Uist.

www.gaidhlig.org.uk
Fòn: 01463 225 454

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

Head of Gaelic Usage, David Boag, said the wide range of projects has impressed Bòrd na Gàidhlig: "The large number of applications to *Taic Freumhan Coimhearsnachd* proves the interest that communities have, across Scotland, in the Gaelic language and culture. We are delighted to have received such a large variety of applications and very much look forward to some of these projects being set in motion."

**ENDS**

**For further information on the contents of this news release please contact Steven MacIver, Corporate and Communications Officer, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning mobile: 07557 481 081.**

**NOTES TO EDITORS**

*A Full list of the approved projects is attached.*

*Bòrd na Gàidhlig is the statutory body responsible for the promotion and development of Gaelic, including advising Scottish Government Ministers. www.gaidhlig.org.uk*

| **Buidheann Organisation** | **Pròiseact Project** | **Sùim Award** |
|---|---|---|
| Lasagan | Seachdain thachartasan sa Ghàidhlig do chloinn *Gaelic activity week for children* | £5,000 |
| Lasair | Clasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig *Music classes through the medium of Gaelic* | £5,000 |
| Comann nam Pàrant Dùn Èideann | Tachartasan òigridh & brosnachadh na Gàidhlig *Youth events & Gaelic promotion* | £5,000 |
| Comann nam Pàrant Port Rìgh | Dà bhuidheann Sradagan & dràma *2 Sradagan groups & drama* | £4,900 |
| Cearcall Gàidhlig Lannraig a Tuath | Club Teaghlaich *Family Club* | £4,500 |
| Comann nam Pàrant Inbhir Chluaidh | Tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig *Activities through the medium of Gaelic* | £4,500 |
| Fèis Ghallaibh | Buidheann seinn & bùthan-obrach ainmean-àite *Singing group & placenames workshops* | £4,400 |
| Highland Archive Service | Dràma ùr òigridh & DVD *New youth drama & DVD* | £4,200 |
| Àrd-sgoil Phort Rìgh | Cuairtean sgoile, clubaichean & iris Ghàidhlig *School trips, clubs & Gaelic magazine* | £4,000 |
| Àrd-sgoil Sheumas Ghilleasbuig | Turas sgoile gu Connemara *School trip to Connemara* | £4,000 |
| Dòchas Dancers | Bùthan-obrach dannsa tro mheadhan na Gàidhlig *Dance workshops through the medium of Gaelic* | £4,000 |
| Gàidhlig san Dachaigh Glaschu | Clasaichean Gàidhlig & tachartasan teaghlaich *Gaelic classes & family events* | £4,000 |
| Co-chomunn na Pàirc | Cùrsaichean Gàidhlig *Gaelic courses* | £4,000 |
| Fèis Thròndairnis | Clasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig *Music classes through the medium of Gaelic* | £3,900 |

| | | |
|---|---|---|
| Clì Gàidhlig | Madainnean cofaidh sa Ghàidhlig<br>*Coffee mornings in Gaelic* | £3,820 |
| Sradagan an Ath Leathann | Stèidheachadh buidheann Sradagan ùr<br>*Establishing new Sradagan group* | £3,500 |
| Gàidhlig Lochbhraoin | Prògram cothroman cleachdaidh Gàidhlig do gach aois<br>*Program of Gaelic usage opportunities for all ages* | £3,300 |
| Farr High School Parent Council | A' togail cheanglaichean le sgoiltean sna h-Eileanan an Iar<br>*Establishing links with schools in the Western Isles* | £3,200 |
| Comann nam Pàrant Obar Dheathain | Clasaichean do phàrantan, club òigridh, seachdain teaghlaich & margaideachd<br>*Classes for parents, youth club, family week & marketing* | £3,100 |
| Cothrom | Rannsachadh luchd-ionnsachaidh & clasaichean Gàidhlig<br>*Learner research & Gaelic classes* | £3,100 |
| Comann nam Pàrant Peairt | Margaideachd & tachartasan teaghlaich<br>*Marketing & family events* | £3,000 |
| Meet-up Gàidhlig Ghlaschu | Taigh cèilidh Ghlaschu<br>*Glasgow cèilidh house* | £3,000 |
| Bothan | Dràma, seinn & farpaisean cheist<br>*Drama, singing & quiz nights* | £3,000 |
| Lasair Ealain | Bùthan-obrach ealain tro mheadhan na Gàidhlig do chlann & inbhich<br>*Art workshops through the medium of Gaelic for children & adults* | £2,850 |
| Aberdeen Gaelic Club | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £2,800 |
| Gàidhlig Dumgal | Clasaichean Gàidhlig & trèanadh oidean<br>*Gaelic classes & tutor training* | £2,780 |
| Gàidhlig san Dachaigh Glaschu a Deas | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £2,700 |

| | | |
|---|---|---|
| Bishopbriggs Gaelic Group | Oide airson cearcall còmhraidh<br>*Tutor for conversation circle* | £2,500 |
| The Walking Theatre Company | Clasaichean Ùlpan<br>*Ùlpan classes* | £2,500 |
| Fòram Gàidhlig Siorrachd Air an Ear | Cearcall còmhraidh & latha luchd-ionnsachaidh<br>*Conversation circle & learners' day* | £2,500 |
| Grace Notes Scotland | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £2,500 |
| Active Events | Tachartasan Gàidhlig aig Paisley Fringe Festival<br>*Gaelic events at Paisley Fringe Festival* | £2,500 |
| Comunn na Dràma | Turas le dealbh-chluich<br>*Drama tour* | £2,400 |
| Comann Eachdraidh Bheàrnaraigh | Clasaichean Gàidhlig & cothroman cleachdaidh<br>*Gaelic classes & usage opportunities* | £2,300 |
| Iomairt Ghàidhlig Iar Thuath Leòdhais | Fòram Gàidhlig Shiaboist & seachdainean spòrsail do dh'òigridh<br>*Fòram Gàidhlig Shiaboist & activity weeks for young people* | £2,300 |
| Comann nam Pàrant Inbhir Pheofharain | Turas dhan Eilean Sgitheanach do sgoilearan luchd-ionnsachaidh<br>*Trip to Skye for Gaelic learner pupils* | £2,200 |
| Fèis an Earraich | Cùrsa meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Media course through the medium of Gaelic* | £2,200 |
| Fèis na h-Òige | Deireadh seachdain pìobaireachd is drumaireachd tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Piping & drumming weekend through the medium of Gaelic* | £2,190 |
| Fèis Eilean an Fhraoich | Deireadh seachdain ceòl is spòrs tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Music & sport weekend through the medium of Gaelic* | £2,140 |
| Iomairt Ghàidhlig Ghlaschu | Luchd-ionnsachaidh adhartach a thoirt gu fileantas, Sgoil Coimhearsnachd & café còmhraidh<br>*Support for advanced learners, Community School & conversation cafe* | £2,040 |

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

| | | |
|---|---|---|
| Am Parbh | Fèis deireadh seachdain, clasaichean Gàidhlig & tachartas coimhearsnachd<br>*Weekend fèis, Gaelic classes & community event* | £2,000 |
| Bealach | Sgoil Bhàrdachd<br>*Bardic School* | £1,980 |
| Cabraich | Dealbh-chluich ùr<br>*New play* | £1,700 |
| Gàidhlig san Dachaigh Dùn Omhain | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,600 |
| Gàidhlig san Dachaigh Apainn | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,500 |
| Fèis Lannraig a Tuath | Clasaichean ciùil tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Music classes through the medium of Gaelic* | £1,300 |
| Àrainn Shuaineart | Clasaichean còcaireachd & Gàidhlig<br>*Cookery & Gaelic classes* | £1,300 |
| Gàidhlig san Dachaigh Inbhir Narann | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,300 |
| Comann nam Pàrant a' Chomhaill | Club òigridh<br>*Youth club* | £1,250 |
| Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar | Clasaichean Ùlpan<br>*Ùlpan classes* | £1,250 |
| An Comunn Gàidhealach Meur Dhùn Èideann | Bùthan-obrach ciùil tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Music workshops through the medium of Gaelic* | £1,200 |
| Gàidhlig san Dachaigh Breascleit | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,200 |
| Sgoil Sir E Scott | Turas sgoilearan a dh'Ionad Sgàladail<br>*School trip to Scaladale Centre* | £1,000 |
| Còmhlan-ciùil Struidh | Bùthan-obrach ciùil tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Music workshops through the medium of Gaelic* | £1,000 |
| An Lòchran | Bùthan-obrach ealan tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Art workshops through the medium of Gaelic* | £1,000 |

| | | |
|---|---|---|
| Inverclyde Gaelic Learners Group | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,000 |
| Gàidhlig san Dachaigh Eilean Sgitheanach a Deas is Loch Aillse | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £1,000 |
| Northern Meeting Charitable Piping Trust | Gàidhlig an lùib fèis phìobaireachd<br>*Gaelic at piping festival* | £1,000 |
| Tobar an Dualchais | Clàran fuaim & lìbhrigeadh trèanadh<br>*Audio digitisation & training delivery* | £1,000 |
| Northwords Now | Foillseachadh litreachas Ghàidhlig<br>*Publication of Gaelic literature* | £1,000 |
| Taigh Dhonnchaidh | Fèis Nis do chlann P1-3<br>*Fèis Nis for P1-3 pupils* | £600 |
| Iomairt Ghàidhlig Uibhist a Deas is Èirisgeidh | Seachdainean spòrsail do chlann<br>*Activity weeks for children* | £500 |
| Fèis Latharna | Spòrs tro mheadhan na Gàidhlig<br>*Sports through the medium of Gaelic* | £425 |
| St Peters Traditional Dance Club | Farpais dannsa ceilidh<br>*Cèilidh dance competition* | £375 |
| Iomairt Ghàidhlig Lochabair | Uidheamachd airson leantainn Duais Urras John Muir<br>*Equipment to works towards John Muir Trust award* | £275 |
| Berneray Community Association | Blasad Ùlpan & clasaichean òrain<br>*Ulpan taster sessions & singing classes* | £230 |
| Gàidhlig san Dachaigh Dùn Bheagan | Clasaichean Gàidhlig<br>*Gaelic classes* | £100 |
| Ardnamurchan High School | Stuthan airson òigridh a' liubhart spòrs<br>*Materials for young people to deliver sports* | £95 |